




Lèirsinn:

MAPA SLIGHE AIRSON NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

2022 - 2027

Aithris rùin



Cruthaichidh seo:



Gàidhlig tro na meadhanan, anns gach àite, airson gach neach


Tha an Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig a' mineachadh àite cudromach nam meadhanan Gàidhlig san àm ri teachd gus:

- obraichean seasmhach a chruthachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig aig àm far a bheil uallach ann mu dhì-dhaoineachadh agus am pròfail deamografach aosmhor
- freagairt rabhadh Ofcom gu bheil "e mì-choltach gun lean craoladh traidiseanta san RA anns an t-saoghal air-loidhne, mur a tèid ùrachadh a dhèanamh air laghan agus riaghailtean craolaidh agus gun tèid atharrachadh luath a dhèanamh leotha airson na linne dhidseataich", agus
- a bhith mar chatailist de dh'fhàs san eaconamaidh dhidseatach an dèidh Covid-19.

Ma thèid fàilligeadh air feum a dhèanamh den chomas a tha aig a' Ghàidhlig san linn dhidseataich is e an toradh a bhios ann gum bi ginealach agus cothrom air a chall.

Tha an Lèirsinn seo a' tairgse dòigh breithneachaidh gu tur ùr mu mheadhanan mion-chànan, a' ceangal toraidhean luchd-amhairc ri toraidhean cànanach, eaconamach agus cultarail.

“...a' ceangal toraidhean luchd-amhairc ri toraidhean cànanach, eaconamach agus cultarail.”



- **Cleachdadh** - a' frithealadh luchd-amhairc le susbaint de dh'àrd-chàileachd, a' strì gus an t-seilbheachd fhaighinn san t-susbaint a dh'fheumar gus ceangal a dhèanamh ri luchd-amhairc nas òige.
- **Com-pàirteachas** - a' toirt cuireadh do luchd-amhairc a bhith a' com-pàirteachadh gu gnìomhach sna meadhanan Gàidhlig, ionnsachadh, cleachdadh agus cultar.
- **Cruthachadh** - a' brosnachadh nochdadh agus leasachadh barrachd is barrachd de luchd-cruthachaidh susbaint mar chatailist airson cothrom, fàs, ùr-ghnàthachas, gnìomhachasan ùra, obraichean agus seasmhachd.

Àm ri teachd didseatach

Leis an t-seilbheachd iomchaidh, cuidichidh an Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig ann a bhith:

- A' ruighinn air agus a' dol an sàs le luchd-cleachdaidh òga na Gàidhlig
- A' stiùireadh àrdachadh ann an cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cruthachadh obraichean ann an coimhearsnachdan
- A' brosnachadh cruthachalachd agus tàlant; agus
- Ag altram entrepreneurachd mheadhanan tron chànan.

Tha an t-seirbheis telebhisean Gàidhlig soirbheachail a thaobh luchd-amhairc fìor òg agus luchd-amhairc nas sine, ach chan eil i a' ruighinn ach 4 a-mach à 10 de dh'ìnbhich òga a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig gach seachdain. Tha feum èiginneach air meadhanan seirbheis poblach Gàidhlig ceangal nas fheàrr a dhèanamh ris an luchd-amhairc sin. Chan urrainn seo tachairt ach tro sheilbheachd anns an t-susbaint cheart agus a libhrigeadh air na h-ùrlaran air fad a chleachdas luchd-cleachdaidh meadhanan nas òige.

Bidh libhrigeadh didseatach de shusbaint mheadhanan Gàidhlig ag atharrachadh a rèir gnè agus luchd-amhairc. Mar eisimpleir:




ÙRLARAN AGUS FOLLAISEACHD

Feumaidh tabhartas a tha fìor dhidseatach a tha a' còrdadh gu farsaing ris na ginealaichean air fad a bhith follaiseach air na h-ùrlaran uile a tha air an cleachdadh le luchd-amhairc agus feumaidh iad a bhith furasta an lorg. Is e an t-seanail telebhisean loidhneach Gàidhlig am buille cridhe ach, às aonais follaiseachd anns an raon mheadhanan dhidseatach a tha gu math farpaiseach agus a tha fo smachd subsaint Beurla, cha bhi subsaint mheadhanan Gàidhlig ri lorg no air a choileanadh. Feumar ullachadh riaghlaidh gus dèanamh cinnteach gum bi follaiseachd ann airson subsaint meadhanan seirbheis poblach Gàidhlig.

SEILBHEACHD ANN AM PRÌOMH GHNÈITHEAN

Gus ceangal ri luchd-amhairc nas òige, feumaidh na meadhanan Gàidhlig a bhith follaiseach air na h-ùrlaran cearta ach feumaidh iad barrachd subsaint a thabhann sna prìomh gnèithean a tha an luchd-amhairc nas òige sin ag iarraidh.

Gu sònraichte, tha feum ann airson taghadh seasmhach de dhràma agus comadaidh, an dà chuid ann an riochd goirid agus riochd fada, cho math ri tachartasan agus ionnsachadh, ann am fòrmatan a tha a' còrdadh ris an luchd-amhairc air na h-ùrlaran a tha iad a' cleachdadh. Chan eil seo comasach aig an àm a tha an làthair air sgàth cuingeadan ionmhasail.



EAG-EÒLAS MEADHANAN DIDSEATACH GÀIDHLIG

Ann an saoghal nam meadhanan Gàidhlig, tha an t-seanail loidhneach telebhisean Gàidhlig nas riata na bha e a-riamh. Is e am buille cridhe airson sàr-mhathas agus miann-adhartais, a' riachadh luchd-amhairc, a' leigeil le riochdairean a bhith a' stèidheachadh co-obrachadh cruthachail agus a' brosnachadh cruthachadh tàlant ùr.

Tha e mar phàirt de dh'fharsaingeachd sna meadhanan Gàidhlig a tha a-nis a' gabhail a-steach riochd goirid agus riochd fada thar craoladh gu air-loidhne agus na meadhanan sòisealta, le subsaint fèin-chruthaichte na mheasg. Tha telebhisean loidhneach

a' mairsinn mar aon de na dràibhearan seilbheachd ann an susbaint àrd-chàileachd. Tha na meadhanan Gàidhlig a' cur feum air sealladh fada, a tha a' gabhail a-steach, aig aon cheann, a bhith a' cruthachadh chothroman do dhaoine òga agus na suidheachaidhean san urrainn do ghnìomhachasan tòiseachaidh sna meadhanan soirbheachadh, agus aig a' cheann eile, a' cruthachadh susbaint de dh'àrd-chàileachd bho roinn cruthachaidh a tha mion-eòlach, mòr-mhiannach agus ùr-ghnàthach a tha a' tarraing air cruinneachadh domhainn de thàlant.

Seilbheachd

Tha an Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig a' toirt cuireadh do luchd-amhairc a bhith nan luchd-com-pàirteachaidh sa Ghàidhlig agus nan cruthadairean agus nan ùr-ghnàthasaichean de na meadhanan Gàidhlig.

Cha bhi an Lèirsinn seo soirbheachail às aonais taic bho chom-pàirteachasan – buidhnean cànan, buidhnean leasachadh eaconamach agus bhuidhnean ùr-ghnàthasach, ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan, foghlam bun-sgoile, àrd-sgoile agus treas ìre, an Riaghaltas agus am BBC.

Thèid Aithris rùin an Lèirsinn a choileanadh ma thèid follaiseachd san àrainneachd dhidseatach a choileanadh agus ma thèid seilbheachd susbainteach ùr a lorg airson nam meadhanan Gàidhlig ann an trì prìomh raointean.

Ruigidh na meadhanan Gàidhlig:
1 millean neach gach seachdain

Tàlaidhidh na meadhanan Gàidhlig
250k luchd-ionnsachaidh ùra

Cruthaichidh na meadhanan Gàidhlig
300 obraichean ùra

SUSBAINT AIRSON LUCHD-AMHAIRC DIDSEATACH AGUS ÒGA

- Dràma ann an riochd goirid
- Comadaidh ann an riochd fada agus goirid
- Eadar-ghnìomhach agus ionnsachadh
- Naidheachdan airson luchd-amhairc didseatach agus òga

Is e am prìomh fheum susbaint ullachadh ann an riochd goirid agus fada a chleachdas daoine òga a bhios nas cunbhalach a' cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig air ùrlaran neo-loidhneach. Tha seo mu chàileachd agus meud cho math ri bhith sna h-àiteachan anns am bi luchd-amhairc òga a' sireadh susbaint.

ÙR-GHNÀTHACHAS AGUS FÀS NAM MEADHANAN

- Còdadh
- Susbaint com-pàirteachasan coimhearsnachd
- A' cur taic ri fàs luath chompanaidhean ùra
- Com-pàirteachas(an) gluasad eòlais
- AI, meadhanan agus ionnsachadh eadar-obrachail agus bogaidh

Is e a' bhun-thairgse Cruinneachadh Mheadhanan a stèidheachadh a bhios a' gabhail a-steach sreath de ghnìomhan agus eadar-mheadhanachdan a tha air an deilbh gus cruthachalasan mheadhanan agus ùr-ghnàthachas gnothachais a bhrosnachadh.

SGÈILE TOGAIL

- Dràma ann an riochd fada
- Firinneach
- Meudachadh co-obrachaidhean RA agus eadar-nàiseanta sna gnèithean sin
- Càileachd craolaidh HD

Tha gnèithean dràma agus firinn, airson adhbharan diofraichte, gu luath air leth feumach air meudachadh ann an sgèile. Tha ullachadh naidheachdan agus cùisean làitheil cuideachd a' tuiteam dhan roinn seo. Bidh meudachadh ann an sgèile soirbheachail ann a bhith a' ruighinn luchd-amhairc ùra agus a' cruthachadh co-obrachaidhean ùra agus ùr-ghnàthasach, cuid le àrd chomas eaconamaigeach.

Soirbheachas

Rèite ùr airson seirbheis poblach nam meadhanan Gàidhlig, a' libhrigeadh:

- Pailteas agus cinnt a thaobh maoinachadh, a' gabhail a-steach an t-seilbheachd a tha air a chur an cèill san Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig
- Seirbheis didseatach leasaichte airson Naidheachdan agus Cùisean Làitheil

- A' ruighinn gach neach-cleachdaidh na Gàidhlig a' gabhail a-steach feadhainn a tha a' dèanamh beag chleachdadh air seirbheisean telebhisein loidhneach

- A' ruighinn luchd-amhairc ùra ann an Alba, an RA agus gu h-eadar-nàiseanta, ag àrdachadh mothachadh agus taic don Ghàidhlig

Meudaich na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ga leasachadh tro mheadhanan didseatach

- Meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean, coimhearsnachdan agus àiteachan-obrach

Luathaich cultar com-pàirteachadh cruthachail sna meadhanan Gàidhlig

- Luchd-cleachdaidh agus cruthachaidh òga, cruthachail agus dàna de na meadhanan Gàidhlig

Thoir taic do dh'eaconamaidh cultarail na h-Alba

- Leasachadh an dèidh Covid a thaobh ceòl, na h-ealain agus tachartasan

Stèidhich/ leasaich com-pàirteachasan ro-innleachdail

- Eadar-mheadhanachdan tàthaichte, ro-innleachdail a thaobh sgilean, tàlant, eag-shiostam agus bun-structair

A bhith mar chatailist airson fàs san eaconamaidh dhidseatach, a' cruthachadh cultar stèidhichte air a' Ghàidhlig de dh'ùr-ghnàthachas agus entrepreneurachd

- Fàs an eaconamaidh dhidseataich an dèidh Covid

- Barrachd gnothachas sgrion eadar-nàiseanta

- Susbaint le buaidh làidir, ùr-ghnàthasach

- Obraichean ùra agus seasmhach

- Tòiseachadh agus sgèileadh suas

Dè dh'fheumas tachairt?

Ullachadh reachdail airson Seirbheis Mheadhan Gàidhlig (PSM)

Tha feum èiginneach ann gum bi seirbheis mheadhanan poblach Gàidhlig (PSM) air an aithneachadh ann an reachdas agus inbhe Craoladair Seirbheis Poblach (PSB) a bhith aca dhaibh fhèin.

Chan eil ullachadh reachdail ann airson nam meadhanan Gàidhlig ach a-mhàin an dleastanas air MG ALBA raon farsaing de shusbaint Gàidhlig a thoirt do luchd-amhairc, a tha air a chomasachadh le aonta neo-reachdail leis a' BhBC, rè ùine a' Chairt Rìoghail ghnàthach, gus seirbheis telebhisein a thabhann a leigeas le MG ALBA a dhleastanas a choileanadh. (Faic An t-Aonta Laghail leis a' BhBC.)

A thaobh na Gàidhlig, agus an coimeas ri ullachaidhean a chaidh a dhèanamh airson craoladh sa Chuimris, tha reachdas sàmhach mun riatanas airson seirbheis Gàidhlig, sàmhach mu inbhe PSB, sàmhach air a mhaoineachadh iomlan agus sàmhach mu dhleastanasan a' BhBC.

Tha am frèam reachdail seann-fhasanta agus neo-iomchaidh. Feumar ùrachadh gu tur.

“Tha feum èiginneach ann gum bi seirbheis mheadhanan poblach Gàidhlig (PSM) air an aithneachadh ann an reachdas agus inbhe Craoladair Seirbheis Poblach (PSB) a bhith aca dhaibh fhèin.”



Aonta seilbheachd ùr airson nam meadhanan Gàidhlig

Tha dìon-chabhaig ann na meadhanan Gàidhlig a bhith a' frithealadh an luchd-amhairc air gach ùrlar. Agus tha cothrom ann dha na meadhanan Gàidhlig a bhith a' meudachadh an àite a thaobh a bhith a' com-pàirteachadh sa Ghàidhlig agus fàs san eaconamaidh dhidseatach chruthachail.

Feumaidh an t-ullachadh de PSM ann am mion-cànanan dùthchasach a bhith air a mhaoineachadh ann an dòigh iomchaidh. Tha an ìre solair a tha ann an-dràsta airson nam meadhanan Gàidhlig nas ìsle na an t-sùim as lugha air a bheil feum gus a dhol an sàs gu soirbheachail leis an luchd-amhairc air fad a tha iad a' sùileachadh.

Tha an **Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig** a' cur an cèill na cùis airson barrachd seilbheachd air bhun-stèidh gun cruthaich e toradh a thaobh luach phoblach nas fharsainge. Le bhith a' faighinn an t-seilbheachd a tha seo tro bhun-mhaoineachadh thèid an cothrom as fheàrr air coileanadh seasmhach de na h-amasan a chruthachadh.

Aonta ùr eadar am BBC agus MG ALBA

Tha am BBC air gealltainn, san *Ro-innleachd Air Feadh na RA²*, “ùrachadh a dhèanamh air com-pàirteachas BBC/MG ALBA a tha a' libhrigeadh BBC ALBA gus an sealladh didseatach a nochdadh nas fheàrr agus taic a thoirt do leasachadh tàlant ùr”.

Tha feum air aonta ùr airson meadhanan seirbheis poblach Gàidhlig, a bhios a' maoineachadh agus a' neartachadh BBC ALBA, BBC Radio nan Gàidheal agus a h-uile seòrsa meadhan eile, gus meud, ruigsinneachd agus buaidh subsaint mheadhanan Gàidhlig a mheudachadh a thuilleadh air àite nam meadhanan agus ùr-ghnàthachadh teicneòlais ann an ionnsachadh agus cleachdadh cànan a mheudachadh.

Com-pàirteachasan

Tha co-obrachadh air a bhith na dhòigh nàdarraich airson coimhearsnachdan na Gàidhlig fad ghinealaichean. Tha co-obrachadh agus obair sgioba air na meadhanan Gàidhlig a tha againn san là an-diugh a thoirt dhuinn agus bu chòir togail air an seo gus amasan coitcheann a choileanadh agus gus a bhith a' cuideachadh le soirbheachas na Gàidhlig.

Tha na meadhanan Gàidhlig an urra ri com-pàirteachas leis a' BhBC, com-pàirtichean Sgrìon Alba (*Alba Chruthachail, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Iomairt na h-Alba, Iomairt Ceann a Deas Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba*), ar com-pàirtichean acadaimigeach, ùghdarrasan ionadail, agus na buidhnean agus na coimhearsnachdan Gàidhlig air fad.



Coimhearsnachdan

Tha na meadhanan Gàidhlig a' tarraing gu mòr bho thobar de tàlant ann an coimhearsnachdan Gàidhlig: feumaidh e a bhith freumhaichte annta, air a chumhachdachadh leotha agus feumail dhaibh.

Tha an Lèirsinn seo a' cur an cèill lèirsinn a bheir taic do leasachadh sgilean agus tàlant ann an coimhearsnachdan agus a dh'altramaicheas entrepreneurachd mheadhanan, agus mar sin obraichean, anns na h-àiteachan far a bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn. Tha comas aig com-pàirteachasan subsaint agus com-pàirteachadh meadhanan Gàidhlig ann an cruinneachaidhean cruthachail cumhachd a thoirt do luchd-cruthachaidh subsaint agus luchd-nuadhachaidh anns na coimhearsnachdan far a bheil iad a' fuireach, agus bunaitean a chur an sàs airson àm ri teachd cruthachail agus gnìomhachail airson seirbheis poblach mheadhanan Gàidhlig.



¹www.gov.uk/government/publications/bbc-charter-and-framework-agreement

²the-bbc-across-the-uk.pdf

Na ceithir bunaitean aig MG ALBA

BROSNACHADH

Tro shusbaint mheadhanan Gàidhlig a tha làidir is bhon là an-diugh, broснаichidh MG ALBA ar prìomh luchd-amhairc, ar n-òigridh, luchd-cleachdaidh ùra den chànan agus mòran eile gu bhith nan luchd-com-pàirteachaidh gnìomhach ann am meadhanan, cànan agus cultar na Gàidhlig. Bidh sinn a' sìor bhrosnachadh ar com-pàirtichean, ar luchd-amhairc, luchd-cruthachaidh susbaint agus luchd-ùidh a thighinn cuide rinn air an t-slighe mheadhanan seo. Is fhiach dhuinn a dhèanamh leis na duaisean a tha na chois!

ÙR-GHNÀTHACHAS

Bidh ùr-ghnàthasach aig cridhe obair MG ALBA, gar stiùireadh air adhart ann an raointean seilbheachd, teicneòlais, leasachadh sgilean, agus com-pàirteachais. Gabhaidh sinn ri dòighean obrach ùra, a' greimeachadh air cothroman agus a' dèiligeadh gu deimhinneach ri atharrachadh.

SEILBHEACHD

Leanaidh MG ALBA air adhart a' sireadh an t-seilbheachd air a bheil feum aig na meadhanan Gàidhlig gus ar luchd-amhairc a fhrithealadh. Cuiridh sinn ar neart agus ar n-amas ann a bhith a' sireadh nan toraidhean as fheàrr do na meadhanan Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gun lean iad air adhart agus gun soirbhich iad ann an saoghal didseatach mheadhanan a tha air leth farpaiseach.

SÀR-MHATHAS

Leanaidh MG ALBA air adhart a' cuimseachadh air ar slighe bho chomas gu sàr-mhathas. Tha sinn a' comharrachadh agus ag àrdachadh sàr-mhathas nar n-obair air fad – oir cha bu chòir do luchd-amhairc na Gàidhlig a bhith a' sùileachadh nas lugha na sin.

Luachan MG ALBA



